

What are the advantages?

- Pupils get an opportunity to use Gaelic outwith the Gaelic class.
- Pupils have a deeper understanding of language.
- They are more sure of themselves in different situations.
- They are more prepared to take their place in employment which requires that Gaelic is used with fluency.
- It gives them an opportunity to gain higher marks in Gaelic examinations.
- They have greater awareness of the history and culture of Scotland.
- They will understand that Gaelic is a living language for communicating about any topic.

Sheall rannsachadh air àrd-sgoiltean sa Chuimrigh a tha a' teagasg gu dà-chànanach gu bheil na sgoiltean sin nas èifeachdaich na na sgoiltean eile sa Chuimrigh agus gu bheil a' bhith a' cleachdadh dà chànan:

- a' togail gnìomhachadh tuigse na cloinne,
- a' togail misneachd eanchainneil,
- a' toirt tèarainteachd ann an saoghal caochlaideach,
- a' brosnachadh fèin-mhisneachd.

Research into secondary schools in Wales which teach bilingually showed that those schools are more successful than other schools in Wales and that the use of two languages:

- boosts cognitive performance,
- boosts intellectual confidence,
- gives security in a changing world,
- boosts self-esteem.

Foghlam Dà-chànanach san Àrd-sgoil



Roinn an Fhoghlaim
Comhairle nan Eilean Siar
Rathad Shannabhaig
Steòrnabhagh
Leòdhas
HS1 2BW
Fòn: 01851 703773

Ionad-Leasachaidh Foghlaim
6 Sràid Choinnich
Steòrnabhagh
Leòdhas
HS1 2DP
Fòn: 01851 708654

Department of Education
Comhairle nan Eilean Siar
Sandwick Road
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2BW
Tel: 01851 703773

Education Development
Centre
6 Kenneth Street
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2DP
Tel: 01851 708654

ag amas air adhartas

Bilingual
Education
in the
Secondary
School





Na h-Eileanan an Iar The Western Isles

Gàidhlig Gaelic



Comhairle nan Eilean Siar
Foghlam Dà-chànanach san Àrd-sgoil

Tha stuthan-teagaisg matha rim faotainn ann an caochladh chuspairean, a leithid Eachdraidh, Cruinn-eòlas, Matamataic, Teicneòlachd, agus Foghlam Pearsanta agus Sòisealta. Tha nas urrainn do sgoil a thairgse do sgoilearan an urra ri dè cho fileanta 's a tha luchd-teagaisg na sgoile anns a' Ghàidhlig.

Good teaching materials are available in a variety of subjects, such as History, Geography, Mathematics, Technical and Personal and Social Education. What a school is able to offer pupils depends on how fluent teachers in the school are in Gaelic.

Dè na buannachdan a tha ann?

- Tha a' chlann a' faighinn cothrom air Gàidhlig a chleachdadh air taobh a-muigh a' chlas Ghàidhlig.
- Tha tuigse nas doimhne aig a' chloinn a thaobh cànan.
- Tha iad nas cinntiche asta fhèin ann an caochladh shuidheachaidhean.
- Tha iad nas deiseile airson an àite a ghabhail ann an cosnadh a tha ag iarraidh comas Gàidhlig a chleachdadh gu fileanta.
- Tha e a' toirt cothrom dhaibh comharraidhean nas fheàrr fhaotainn ann an deuchainnean Gàidhlig.
- Tha iad nas mothachail air eachdraidh agus air cultar na h-Alba.
- Tuigidh iad gur e cànan beò a tha sa Ghàidhlig airson conaltradh mu chuspair sam bith.

Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig gu math stèidhichte ann am mòran bhun-sgoiltean, agus tha e a' sìor leudachadh. 'S e amas na dòigh-teagaisg seo gum bi clann co-ionann ann am fileantachd ann an Gàidhlig agus ann am Beurla nuair dh'fhàgas iad a' bhun-sgoil. Tha e cudromach gu leudaich dà-chànanas san àrd-sgoil ach am bi leantailachd ann an ionnsachadh na cloinne a chaidh a theagasg anns an dà chànan sa bhun-sgoil, agus ach am bi piseach a' tighinn air comasan Gàidhlig na cloinne le bhith ga cleachdadh ann an raon farsaing de shuidheachaidhean.

Education through the medium of Gaelic is well established in many primary schools, and it is constantly expanding. The aim of this method of teaching is that children will be equally fluent in Gaelic and in English when they leave primary school. It is important that bilingualism develops in secondary school so that there is continuity in the learning of children who have been taught in the two languages in primary school, and so that children's ability in Gaelic improves by making use of it in a wide range of situations.

